

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a "letter", written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at rodny.maclea@bbc.co.uk * This is Litir 265.*

Is dòcha gum bi cuimhne agaibh gu robh sinn a' toirt sùil aig toiseach na bliadhna air beatha Iain Stiùbhairt Blackie. Bha Blackie na ghaisgeach don Ghàidhlig. Bha e gu mòr air cùl iomairt airson roinn na Ceilteis a stèidheachadh ann an Oilthigh Dhùn Èideann, far an robh e na phroifeasair de Ghreugais.

Uill, an là eile, bha mi a' coimhead tro leabhar de bhàrdachd Ghàidhlig a bhuineas don naoidheamh linn deug. Agus làigh mo shùil air an tìotal "Brosnachadh na Gàidhlig". Tha mi gun teagamh airson sin a dhèanamh! 'S e bàrd Sgitheanach, Niall MacLeòid à Gleann Dail, a sgrìobh an dàn. Agus nuair a leugh mi a' chiad rann, mhothaich mi gu robh e a-mach air "Professor Blackie". Seo mar a tha a' chiad rann a' dol:

Duisg suas, a' Ghàidhlig, 's na bi fann,
Is gleus do chlàrsach feadh nan gleann:
Tha aon fhear-tagraidh math ort teann
A chumas taic riut,
Cho fad 's a mhaireas teanga 'n ceann
Professor Blackie.

Canaidh mi sin a-rithist, gus an glac sibh e:

Duisg suas, a' Ghàidhlig, 's na bi fann,
Is gleus do chlàrsach feadh nan gleann:
Tha aon fhear-tagraidh math ort teann
A chumas taic riut,
Cho fad 's a mhaireas teanga 'n ceann
Professor Blackie.

Nuair a bha Niall MacLeòid a' sgrìobhadh, bha an iomairt fhathast a' dol gus airgead a thrusadh airson cathair Ceilteis a stèidheachadh. Agus bha an droch shlàinte a bha Blackie a' fulang na chùis dragh don bhàrd. Seo mar a tha an dàrna rann a' tòiseachadh:

Bha cuid an dùil nach robh thu slàn,
'S gu robh do bheatha dlùth don bhàs,
Ach bheir thu 'n car asta gun dàil...

A-rithist anns a' chòigeamh rann, tha am bàrd a' foillseachadh dragh mu shlàinte a' phroifeasair:

Bheil neach a dh'àraich tìr an fhraoich
Air call a' bhàidh 's air fàs cho faoin,
Ri tàir air cainnt a mhàthar chaoimh
'S nach taobh a reachdan?
Ach gheibh iad sin an duais gu daor,
Mur caochail Blackie.

Agus bha am bàrd a-mach air creach. Chan e buileach "creach" a bha e a' ciallachadh, ach gun dèanadh an luchd-iomairt strì airson airgead fhaighinn bho gach taigh air a' Ghàidhealtachd (agus fhuair iad sin bho dhaoine bochd is beartach). Bha iad a' sireadh deich mìle not airson cathair Ceilteis a stèidheachadh. Seo an t-seachdamh rann agus èistibh gu dlùth airson dà ainm-àite:

Na fàgaibh taigh dam faic sibh smùid,
No duine beò a chì bhur sùil,
Bho Thaigh Iain Ghròt gu Cluaidh nan lùb,
Nach tog sibh creach dheth,
Gum faigh sibh an deich mìle punnd
Tha dhìth air Blackie.

Canaidh mi a-rithist e:

Na fàgaibh taigh dam faic sibh smùid,
No duine beò a chì bhur sùil,
Bho Thaigh Iain Ghròt gu Cluaidh nan lùb,
Nach tog sibh creach dheth,
Gum faigh sibh an deich mìle punnd
Tha dhìth air Blackie.

An cuala sibh na h-ainmean-àite? Taigh Iain Ghròt – an ìre mhath an t-àite as fhaide tuath air tìr-mòr na h-Alba. Agus Cluaidh – an abhainn ainmeil a tha a’ sruthadh tro Ghlaschu. Cuiridh mi crìoch air an Litir an t-seachdain seo leis an rann mu dheireadh dhen dàn:

’S nuair thèid a’ Ghàidhlig a chur suas
An cathair inbhich mar bu dual,
’N sin òlaidh sinn dà làn na cuaich –
’S cha bhi iad lapach –
Air slàint’ an laoich a thug a’ bhuaidh,
Professor Blackie.

* * * * *

Faclan na seachdaine: gaisgeach: *hero*; Ceilteis: *Celtic Studies*; Greugais: *Greek*; Gleann Dail: *Glendale*; rann: *verse*; fann: *weak*; punnd: *pound (currency – we say “not” today)*.

Abairtean na seachdaine: bha e gu mòr air cùl iomairt: *he was greatly behind a campaign*; a bhuineas don naoidheamh linn deug: *which belongs to the 19th Century*; làigh mo shùil: *I noticed*; tha aon fhear-tagraidh math ort teann: *you have a good advocate close at hand*; cho fad ’s a mhaireas teanga an ceann X: *as long as a tongue is in the head of X*; gus airgead a thrusadh: *to collect money*; dlùth don bhàs: *close to death*; bheir thu an car asta: *you will trick them*; neach a dh’àraich tìr an fhraoich: *a person the land of the heather raised*; air fàs cho faoin: *grown so wan*; ri tàir air cainnt a mhàthar chaoimh: *to despise his dear mother’s tongue*; nach taobh a reachdan: *will not observe her laws*; dam faic sibh smùid: *where you see smoke*; bho Thaigh Iain Ghròt gu Cluaidh nan lùb: *from John O’ Groats to the Clyde of the twists*; an cathair inbhich: *in a prestigious chair*; òlaidh sinn dà làn na cuaich: *we’ll drink the full quaich twice*; air slàinte an laoich: *to the health of the hero*; a thug a’ bhuaidh: *who triumphed*.

Puing-ghràmar na seachdaine: Is gleus do chlàrsach feadh nan gleann: *and tune your harp throughout the glens. What case is gleann in here and why? The nan gives it away – it is the genitive plural. But why, following what appears to be a simple preposition? The reason is that feadh is not a simple preposition – it is a shortened form of air feadh, a preposition with two distinct elements. You will see it written as feadh, and you will hear it in conversation as such, but remember its origins and you won’t forget to employ the genitive after it, at least where the article is present.*

Gnàths-cainnt na seachdaine: Nach tog sibh creach dheth?: *won’t you plunder him? The bard here does not mean plunder literally, but rather to extract some money by a bit of arm-twisting. I would like you to note the verb that usually goes with creach – tog. We say tha e a’ togail creach (or traditionally a’ togail creiche, using the genitive) for “he is plundering”.*

* “*Litir do Luchd-ionnsachaidh*” is funded by *Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig*